

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**\*PLEASE SCROLL DOWN FOR ENGLISH VERSION\***

**Faodar a sgaoileadh sa bhad**

**26/09/2013**

## **Toraidhean dòchasach don Ghàidhlig sa Chunntas-sluaigh**

Tha Bòrd na Gàidhlig toilichte fhaicinn gu bheil Sgaoileadh 2 de thoraidhean Cunntas-sluaigh 2011 a' sealltainn gu bheil an àireamh de luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Alba - 58,000 - cha mhòr air fuireach aig an aon ìre agus a bha i ann an Cunntas-sluaigh 2001.

'S e clach-mhìle chudromach a tha seo don Ghàidhlig ann an Alba, agus e a' sealltainn nach bu chòir gabhail ris a' bheachd gun tig crìonadh gun abhsadh air a' chànan, agus tha e a' sealltainn cuideachd gun gabh a' chuibhle tionndadh 's dòcha, agus sin a' toirt dòchas as ùr do dhaoine a tha a' toirt taic do, a' brosnachadh no a tha ri oidhirpean gus coimhearsnachdan Gàidhlig a ghleidheadh is a dhìon sna bliadhnaichean a tha ri thighinn.

Stèidhich Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 Bòrd na Gàidhlig le uallach gus Foghlam is Cultar na Gàidhlig a chur air adhart, agus gus an àireamh de dhaoine a tha ag ionnsachadh agus a' cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud. Chaidh iarraidh air a' Bhòrd Plana Cànain Nàiseanta Gàidhlig a dhealbh anns am biodh ro-innleachdan gus stad a chur air mar a bha àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a' crìonadh, an àireamh sin a dhèanamh seasmhach agus bunaitean ùra a thogail a chuireadh an àireamh am meud ri ùine aig ìre nàiseanta, sgìreil agus ionadail.

Thuir Cathraiche Bòrd na Gàidhlig, Iain Caimbeul: "Bha fios air a bhith againn mu thràth, agus bha e a' toirt misneachd dhuinn, nach robh idir leithid de lùghdachadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig eadar Cunntas-sluaigh 1991 agus 2001 agus a bh' ann san bho 1981 agus 1991.

"Sheall sgrùdaidhean mionaideach gu robh sin gu mòr ri linn mar a bha an àireamh de chloinn a bha a' togail a' chànan ann am buidhnean ro-sgoile Gàidhlig is bun-sgoiltean Gàidhlig air a dhol am meud, agus lion iad sin, gu ìre, am beàrn a bh' ann air sgàth 's na chaillear de luchd-labhairt nas sine san ùine sin. Chan fhaic sinn am fiosrachadh mionaideach bho Chunntas-sluaigh 2001 airson ùineachan fhathast, ach tha sinn toilichte gu bheil an gluasad seo air leantainn - a thaobh àireamhan, tha an ginealach ùr de luchd-labhairt na Gàidhlig a' cuideachadh le bhith lionadh a' bheàrn a dh'fhàg an luchd-labhairt nas sine a chail sinn.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



“Air sgàth ’s mar a tha an àireamh de chloinn a tha ann am foghlam ro-sgoile is bun-sgoile Gàidhlig air a dhol am meud thar nam fichead bliadhna a dh’fhalbh, agus daoine cuideachd a’ togail a’ chànain san dachaigh, bha dùil againn gum biodh an ìre aig a bheil sinn a’ call luchd-labhairt na Gàidhlig air tuiteam a-rithist ri linn mar a tha barrachd dhaoine òga ag ionnsachadh agus a’ bruidhinn Gàidhlig. Tha an àireamh de dh’ìnbhich a tha ag ionnsachadh a’ chànain cuideachd air a dhol suas sna beagan bhliadhnaichean a dh’fhalbh.

“Tha sinn air ar misneachadh gu mòr leis na toraidhean seo bhon Chunntas-sluaigh, agus tha sinn a’ coimhead air adhart ris na bliadhnaichean air thoiseach oirnn le dòchas as ùr. Tha iad a’ sealltainn gur math as fhiach e amasan a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig a chur an gnìomh.”

Tha e na bhun-stèidh do dh’amasan gnìomhach Bhòrd na Gàidhlig gum bi sinn a’ co-obrachadh, ag obair ann an compàirt agus a’ co-òrdanachadh obair leasachaidh le grunn bhuidhnean nàiseanta, sgìreil agus ionadail agus daoine fa leth.

Thuir Ceannard Bòrd na Gàidhlig, Iain Aonghas MacAoidh: “Tha na figearan eachdraidheil seo bhon Chunntas-sluaigh a’ dearbhadh gun tèid againn air buaidh dha-rìribh a thoirt air cùisean ma dh’obraicheas buidhnean, coimhearsnachdan agus daoine fa leth còmhla a dh’ionnsaigh an aon cheann-uidhe gu math na Gàidhlig. Tha sinn air leth taingeil don fheadhainn a bheir taic dhuinn nar n-obair gus dèanamh cinnteach gum bi a’ Ghàidhlig ann san àm ri teachd. Tha tòrr ri dhèanamh fhathast, ach bidh sinn a’ cur aghaidh ri gach dùbhlán le spionnadh is dòchas as ùr.”

## DEIREADH

**Airson tuilleadh fiosrachaidh mun bhrath-naidheachd seo, cuiribh fios gu Steven MacÌomhair, am Manaidsear Corporra is Conaltraidh aig Bòrd na Gàidhlig, aig [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) no air 07557 481 081.**

### **Fiosrachadh don Luchd-deasachaidh:**

*Na chois: Graf a’ sealltainn na h-àireimh a’ tòiseachadh ann am P1 ann am foghlam tron Ghàidhlig bho 1985*

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



**For Immediate Release**

**26/09/2013**

## **Census points to positive future for Gaelic**

Bòrd na Gàidhlig is pleased to see that Release 2 of the 2011 Census statistics shows that the number of Gaelic language speakers in Scotland - 58,000 - has almost stabilised at 2001 Census figures.

This is an important landmark for Gaelic in Scotland, signifying that the decline of the language is not inevitable, and is reversible, giving fresh hope to those who support, promote and implement efforts to secure a sustainable future for Gaelic speaking communities.

The Gaelic Language (Scotland) Act 2005, established Bòrd na Gàidhlig with a remit to promote Gaelic Education and Culture, and to increase the numbers of people learning and using Gaelic. The Bòrd was tasked with drafting a National Gaelic Language Plan which sets out strategies to reduce the decline in numbers of Gaelic speakers, stabilise them and create new foundations for growth, nationally, regionally and locally.

Bòrd na Gàidhlig, Cathraiche (Chair) Iain Campbell said: "We knew previously that, encouragingly, the 2001 Census showed a marked reduction since 1991 in the decline in the numbers of Gaelic speakers, in comparison to the period between 1981 and 1991.

Detailed analysis showed that this was to a significant extent attributable to the growth in the numbers of children acquiring the language in Gaelic-medium pre-school groups and Primary Education, compensating to a degree for the loss of older Gaelic speakers over the period. We will not have access to detailed statistics from the 2011 Census for some time, but we are pleased that this trend has continued - numerically, the new generation of Gaelic speakers is helping to compensate for the loss of older Gaelic speakers.

Given the growth in the number of children in Pre-school and Primary Gaelic medium education over the last two decades, in addition to language acquisition in the home, we expected that the overall rate of decline in the numbers of Gaelic speakers would be further reduced as a result of the increase in the numbers of young people acquiring and speaking Gaelic. There has also been an upsurge in recent years in the numbers of adult learners of Gaelic.

# Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd  
*Press Release*



The latest Census statistics are very encouraging, and give us renewed hope for the future.

They show that the policy aims of the National Gaelic Language Plan, are well worth pursuing."

Co-operation, partnership and co-ordination of development activity, with a range of national, regional and local organisations and individuals is a fundamental tenet of Bòrd na Gàidhlig's operational strategy.

Bòrd na Gàidhlig Ceannard (CEO), John Angus MacKay said: "These historic census figures demonstrate that we can achieve real results if organisations, communities and individuals with an interest in Gaelic work together to a common aim. We are grateful to all who support us in our efforts to secure the future of Gaelic. There is still much to be done, but we look forward with renewed vigour and confidence to facing the challenge."

**ENDS**

**For more information about the content of this press release, contact Steven MacIver, Corporate and Communications Manager at Bòrd na Gàidhlig, by e-mailing [steven@gaidhlig.org.uk](mailto:steven@gaidhlig.org.uk) or by phoning 07557 481 081.**

**Notes to editors:**

*Att. Graph showing intake to P1 Gaelic medium education since 1985.*